



DREACH PHLANA CÀNAIN NÀISEANTA NA GÀIDHLIG 2017-22

Freagairt aig Fèisean nan Gàidheal

GEÀRR-CHUNNTAS AIR AR BEACHDAN

Tha Fèisean nan Gàidheal toilichte am freagairt seo a chur a-steach don cho-chomhairleachadh poblach air an treas Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig.

Tha sinn a' cur fàilte air amasan a' Phlana agus a' mìneachadh far a bheil àite aig Fèisean nan Gàidheal gan cur an gnìomh, no far a bheil sinn den bheachd gun gabhadh an leasachadh.

Tha sinn ag aontachadh gu bheil na prìomh raointean ceart agus nam biodh a h-uile buidheann agus duine fa leth ann an Alba, le ùidh sa Ghàidhlig, a' cur an taic ris a' Phlana gun dèanadh e feum don chànan.

Tha Fèisean nan Gàidheal a' creidsinn gu bheil feum air coimhearsnachdan làidir ma tha a' Ghàidhlig gu bhith buan agus gu bheil feum air barrachd taic do choimhearsnachdan de gach seòrsa. Tha sinn a' cur fàilte air aithne mu cho cudromach 's a tha na h-ealain a-measg ghnìomhan eile san dreach Phlana.

1 RO-RÀDH

Thuirt Rùnaire a' Chaibineit aig Alba airson Cultair, Fiona Hyslop, ann am *Past, Present & Future: Culture & Heritage in an Independent Scotland*: "Tha fhios againn ma thèid daoine an sàs ann an gnothaichean cultarach gum faod sin cuideachadh le bhith neartachadh agus a' cur ri maith choimhearsnachdan is dhaoine. Le sin tha mi a' smaoineachadh air Fèisean nan Gàidheal a tha am measg nam prìomh bhuidhnean a tha toirt nan ealain Gàidhlig air adhart. Gu dearbh, tha rannsachadh a' sealltainn chan e a-mhàin gu bheil daoine òga ag ionnsachadh sgilean ùra bho bhith dol an sàs ann an tachartasan cultarach, ach cuideachd tha iad a' cur barrachd sùim annta fhèin agus tha barrachd tuigse aca air cò iad."

Tha an dòchas is a' bheothalachd a th' ann an-diugh a thaobh ceòl traidiseanta agus adhartachadh na Gàidhlig ann an Alba, gu ìre nach beag, mar thoradh air mar a tha na Fèisean air soirbheachadh.

Tha Fèisean nan Gàidheal air aon de na buidhnean a tha faotainn maoinachadh gu cunbhalach bho Alba Chruthachail agus tha sinn an-dràsta a' libhrigeadh cùmhnant le taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

Bidh sinn a' toirt taic do 47 Fèisean teagaisg a tha a' toirt ionnsachadh ann an ealain dhualchasach na Gàidhlig do dh'òigridh air feadh Alba. Tha na Fèisean air a bhith toirt oideachadh do dhaoine òga ann an ceòl traidiseanta, òrain Ghàidhlig is dràma Ghàidhlig airson còrr is 35 bliadhnaichean. Bidh mu 6,000 duine òg a' gabhail pàirt sna clasaichean gach bliadhna. Ma thèid àireamh an luchd-èisteachd aig na tachartasan againne agus pròiseactan eile sa bheil sinn an sàs a chunntadh, tha sinn a' ruighinn air mu 73,000 neach gach bliadhna agus tha an àireamh sin a' dol suas gu 460,000 ma ghabhar-steach na prògraman telebhisein agus bhidiothan YouTube sam bi muinntir nam Fèisean a' nochdadh.

Tha na Fèisean a-nis a' toirt cosnadh do cheudan de luchd-ciùil is seinneadairean gu cunbhalach agus iad a' teagasg ann an coimhearsnachdan is sgoiltean. Fhuair tòrr sàr luchd-ciùil is seinneadairean a th' againn an-diugh oideachadh is brosnachadh a bha fìor chudromach dhaibh aig na Fèisean, agus tha cuid aca a-nis am measg an luchd-ciùil as fheàrr a th' againn ann an Albainn agus iad a' faighinn beòshlaint bho bhith cluich is a' teagasg ceòl traidiseanta agus a' seinn is a' teagasg òrain Ghàidhlig air feadh an t-saoghail. Tha an luchd-ciùil sin cuideachd a' cluich is a' seinn air prògraman rèidio is telebhisein agus bidh iad a' cur ris na tha stiùidiothan clàraidh is companaidhean chlàran a' cosnadh. Tha na Fèisean cuideachd a' dèanamh tòrr a thaobh a bhith cuideachadh dhaoine òga leis na sgilean Gàidhlig aca, agus a thaobh a bhith brosnachadh bàidh don chànan am measg nan daoine a ghabhas pàirt sna Fèisean agus tha tòrr dhiubh sin air fileantas a ruighinn ann an Gàidhlig.

Agus o chionn ghoirid tha Fèisean nan Gàidheal air Fèisgoil a chur air chois, seirbheis a tha a' toirt còmhla nan diofar sheòrsaichean obrach a tha Fèisean nan Gàidheal a' dèanamh ann an sgoiltean agus sa choimhearsnachd. Thathar a' dol a leudachadh na h-obrach sin gu bhith gabhail a-steach seirbheis ùr gus Gàidhlig a theagasg. Tha Fèisgoil a' tabhann seirbheis luachmhor do dh'ùghdarrasan ionadail far am faod na h-oidean againn, aig nach eil teisteanas teagaisg foirmeil, cuideachadh le teagasg Gàidhlig agus le bhith teagasg raointean den Churraicealam airson Sàr-mhathais co-cheangailte ris na h-Ealain Chruthachail, Slàinte is Sunnd agus Litearrachd is Gàidhlig. Cuideachd, thèid aig an t-seirbheis air ùghdarrasan ionadail is buidhnean poblach a chuideachadh le bhith coileanadh amasan nam Planaichean Gàidhlig aca agus iomairtean leithid Ionnsachadh Alba agus 1+2 chànan.

2 FREAGAIRTEAN DO CHEISTEAN A' CHO-CHOMHAIRLEACHAIDH

Ann a bhith a' cur am pàipear seo ri chèile tha sinn air cumail ris na ceistean a bha fa ar comhair anns a' phàipear cho-chomhairleachaidh leis na freagairtean a leanas.

a. Tha cumadh a' Phlana a' gabhail a-steach amas, cuspairean, prìomh raointean agus gealltanasan. A bheil beachd agaibh air cumadh a' Phlana agus air an àrd-amas againn?

Tha cumadh a' phlana math, freagarrach, a' treòrachadh luchd-leughaidh tro na h-adhbharan airson plana agus tro na ceumannan a tha ri gabhail airson a chur an gnìomh.

b. Tha sinn dhen bheachd gu bheil e riatanach gum bi deagh ìomhaigh aig a' Ghàidhlig agus gum bi na raointean shuas a' cur gu mòr ri sin. A bheil beachdan agaibh fhèin air na raointean a thagh sinn no càil eile co-cheangailte ris a' chuspair seo?

Tha sinn ag aontachadh ris a' bheachd a tha seo. That tòrr den obair anns a bheil Fèisean nan Gàidheal an sàs co-cheangailte ri ìomaigh na Gàidhlig a thogail ann an coimhearsnachdan agus a-measg òigridh.

Ghabhadh barrachd feum a dhèanamh de na meadhanan àbhaisteach agus na meadhanan ùra sòisealta airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh agus ìomhaigh is follaiseachd a thoirt don chànan.

Tha cruaidh fheum, ge-tà, aig an t-seirbheis BBC Alba air tuilleadh mhaoin. Bu chòir do Bhòrd na Gàidhlig, mar a' prìomh bhuidheann le dleastanas airson ìomaigh na Gàidhlig a thogail, an dìcheall a dhèanamh taic a shireadh bhon BhBC agus bho Riaghaltas na h-Alba airson BBC Alba.

Tha buidheann nàiseanta ann le dleastanas airson nan ealan agus nan gnìomhachasan cruthachail a mhaoineachadh. Ged a tha Alba Chruthachail taiceil don Ghàidhlig, agus ga cur gu feum ann an conaltradh, tha àite mòr aig a' bhuidhinn ìomhaigh na Gàidhlig a thogail agus tha feum air co-obrachadh a bharrachd.

Tha sinn a' gabhail ris a' bheachd air t/d 12 gu bheil e riatanach airson Gàidhlig a ghlèidheadh mar chànan beò gun toirear taic do dhaoine òga a bhith ga bruidhinn agus ga toirt seachad don ath ghinealach. Tha feum air tuilleadh taic le seo tro chothroman cleachdaidh a bharrachd gus òigridh a bhrosnachadh a dhol an sàs ann an gnìomhan a tha a' togail spèis don chànan nam measg.

Ann an t/d 19 agus 20 tha iomradh air an nàimhdeas don Ghàidhlig a tha fhathast a' nochdadh anns na meadhanan agus ann am poileataigs. Ged a tha sinn ag aontachadh gu bheil e cudromach gum bithear a' cur air adhart ìomhaigh mhath anns na meadhanan tha cruaidh fheum air obair mhòr, leantainneach gus dèiligeadh ris a' chùis a tha seo a tha a' dèanamh cron air a' Ghàidhlig agus ga ceanglachadh ri rùn aon phàrtaidh poileataigeach. Bu chòir dha a bhith follaiseach, co-dhiù do luchd-poileataigs, gun do chuir a h-uile pàrtaidh taic ris a' chànan.

Ann an t/d 22 tha iomradh air buidhnean Gàidhlig a' cur am beachdan a-steach gu co-chomhairleachaidhean nàiseanta. Tha sinn ag aontachadh gu mòr gu bheil seo feumail airson a' Ghàidhlig a chumail aig cridhe pròiseas cruthachadh phoileasaidhean agus gu bheil a leithid a' cur ri inbhe is ìomhaigh na Gàidhlig cuideachd. Ach leis an uiread de phlanaichean Gàidhlig a th' ann a-nise, agus co-chomhairleachaidhean air iomadh cuspair, feumar a bhith mothachail air an àireamh bheag de dhaoine a dh'fhaodadh freagairtean a chur. Bidh sinne a' dèanamh air dìcheall ach tha e do-dhèante dhuinn freagairt a thoirt anns gach suidheachadh. Tha gainnead freagairtean a' togail cheistean mun ìre dham bheil daoine a' gabhail pàirt anns a' phròiseas. Tha feum air brosnachadh a thoirt do bharrachd dhaoine ann an coimhearsnachdan, gun ceangal sam bith ri buidhnean Gàidhlig, freagairtean a chur ri chèile cuideachd.

c Tha sinn dhen bheachd gu bheil foghlam agus ionnsachadh na Gàidhlig aig cridhe a' Phlana seo. Tha sinn air liosta a dhèanamh de na prìomh raointean airson leasachadh san àm ri teachd. A bheil beachdan agaibh air seo, agus air na prìomh raointean a thagh sinn airson ionnsachadh na Gàidhlig?

Tha sinn gu mòr den bheachd gu bheil foghlam tron Ghàidhlig air leth cudromach agus tha sinn ag aontachadh ris na prìomhachasan a tha air an comharrachadh sa Phlana.

Chuir sinn beachdan a-steach cheana air an *Stiùireadh air Foghlaim Gàidhlig* a chaidh fhoillseachadh bho chionn goirid agus tha sinn den bharail gum bi seo gu math cuideachail san àm ri teachd.

Ann an t/d 27 san earrann mu 'Luchd-obrach Foghlam Gàidhlig' mholamaid gum bu chòir do sgoiltean barrachd feum a dhèanamh de dhaoine ann an coimhearsnachdan a dh'fhaodadh obair a dhèanamh leis a' chloinn co-cheangailte ri cuspair/ean sònraichte air a bheil eòlas aca. Chuireadh seo ri beairteas cainnt na h-òigridh cho math ri brosnachadh agus misneachd a thoirt do dhaoine, a tha glè thrì den bharail nach buineadh 'leasachadh na Gàidhlig' riuthasan, a dhol an sàs ann an gnìomhan cuideachail, feumail.

Leis an obair a tha sinn air a bhith a' dèanamh tro Fèisgoil tha Fèisean nan Gàidheal gu mòr den bharail gu bheil e air leth feumail do dh'iomhaigh na Gàidhlig agus bàidh don chànan nam biodh clann ag ionnsachadh na Gàidhlig aig ìre bhunaiteach. Tha iad mothachail gu bheil a' Ghàidhlig beò ann an Alba agus gu bheil i a' buntainn riuthasan. Mar sin, tha sinn a' cur fàilte air an amas gum bi FLI air a neartachadh ann an sgoiltean.

d Tha sinn dhen bheachd gu bheil na raointean a chaidh a thaghadh cudromach airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh. A bheil beachdan agaibh air mar a dh'fhaodamaid piseach a thoirt air ìre cleachdaidh na Gàidhlig?

Tha sinn ag aontachadh ris an earrann seo sa Phlana agus a' cur fàilte air iomairt sam bith a bhrosnaicheas cleachdadh na Gàidhlig.

Tha Fèisean nan Gàidheal a' fastadh dhaoine le Gàidhlig agus ga cleachdadh anns a' mhòr chuid den conaltradh taobh a-staigh na buidhne agus ann an sanasachd is eile taobh a-muigh na buidhne. Tha cleachdadh na Gàidhlig ga bhrosnachadh anns na tachartasan a tha sinn a' cur air dòigh. Bidh òigridh a' faighinn chothroman cleachdaidh ann an suidheachaidhean taobh a-muigh na sgoile a' cur briathrachais gu feum nach cluinneadh iad bho latha gu latha anns an sgoil. Tha seo cudromach airson farsaingeachd bhriathrachais a thoirt dhaibh.

Tha sinn a' cur fàilte air an earrann ann an t/d 29 mu bhuannachdan an cois nan ceanglaichean tron Ghàidhlig ri Canada agus Èirinn. 'S e fosgladh sùla a th' ann do dh'òigridh faighinn a-mach mu na ceanglaichean a tha ann agus, gu sònraichte, gu bheil a' Ghàidhlig ga bruidhinn ann an àiteannan eile. Ged a tha ceanglaichean ri Èirinn làidir bu mhath leinn a bhith ann an suidheachadh dàimh na bu treasa a thogail le Canada, gu sònraichte le Alba Nuadh, far a bheil an cànan aig muinntir an àite an aon rud ris a' Ghàidhlig againne.

Tha sinn cuideachd a' cur fàilte air an amas air t/d 31 gun tèid prògram a dhealbh airson seasmhachd a thoirt do bhuidhean a tha cudromach do na h-ealain Ghàidhlig agus tha sinn a' cur ris a' bheachd seo gu h-ìseal le puing mu chùmhnanntan maoineachaidh thairis air ùine nas fhaide na bliadhna.

e Ann an ceistean 2, 3 is 4, chaidh iarraidh oirbh ur beachdan a thoirt air na prìomh raointean a chaidh a chomharrachadh. Anns a' cheist seo, bu mhath leinn ur beachdan fhaighinn air na prìomh ghealltanasan a chomharraich sin agus air gealltanasan a bharrachd a bu chòir a bhith ann gus an dèanar adhartas ann a bhith a' leasachadh na th' ann de dhaoine a tha a' labhairt, cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig ann an Alba agus ann a bhith a' leudachadh nan suidheachaidhean anns am bi i air a cur gu feum?

Tha sinn den bheachd gu bheil na prìomh raointean ceart agus nam biodh a h-uile buidheann agus duine fa leth ann an Alba, le ùidh sa Ghàidhlig, a' cur an taic ris a' Phlana gun dèanadh an Plana feum do shuidheachadh a' chàinain.

f Tha na ceistean co-chomhairleachaidh a nochd na bu tràithe air a bhith rudeigin mionaideach. Ma tha sibh airson puingean eile a thogail, agus mura robh cothrom agaibh sin a dhèanamh thuige seo, nach sgrìobh sibh iad gu h-ìosal.

Ann an t/d 16 thathar ag ràdh gu bheil 'taic airson prìomh bhuidhnean riatanach'. Tha sinn ag aontachadh ri seo ach b' fheàrr le Fèisean nan Gàidheal a bhith ann an suidheachadh far a bheil

taic ann a tha co-ionnan, a thaobh ùine chùmhnaight, ris an taic a tha sinn a' faighinn bho bhuidhnean eile leithid Alba Chruthachail agus Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean. Tha cùmhnanan trì bliadhna a' ciallachadh gu bheil ùine againn ar planaichean a chur an gnìomh le cinnt à taic-airgid. Às aonais gealltanais den t-seòrsa sin bidh sinn ann an suidheachadh bho bhliadhna gu bliadhna far nach urrainn dhuinn a dhol air adhart le misneachd agus cinnt gum faigheamaid taic.

Tha sinn gu mòr den bheachd, cuideachd, gu bheil àite aig luchd-ealain is sgrìobhadairean Gàidhlig ann an cuirmean is tachartasan mòra. B' fheàrr leinn gun biodh an earrann seo ga neartachadh sa Phlana airson a dhèanamh cinnteach gum faigh a' Ghàidhlig àite ann an tachartasan mòra nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Bha sinne an sàs ann an strì mhòr a' feuchainn ris a' Ghàidhlig a dhèanamh follaiseach aig Geamaichean a' Cho-fhlaitheis ann an 2014, mar eisimpleir, far nach robh còir ceist a bhith ann mu àite airson na Gàidhlig. Tha Bliadhna na h-Òigridh gu bhith ga comharrachadh ann an 2018 ach chan eil guth sònraichte air àite na Gàidhlig anns na planaichean aig EventScotland airson tachartasan na bliadhna sin, ged a tha iad air suaicheantas Gàidhlig a chruthachadh.

CO-DHÙNADH

Ged a tha muinntir na h-Alba aig ìre thràth fhathast ann an gnothaichean co-cheangailte ri planadh cànan tha sinn ag aithneachadh gu bheil adhartas air a bhith ann thairis air ùine ghoirid.

Tha sinn ag aontachadh nach ann air aon bhuidheann a-mhàin a tha an t-uallach airson adhartas a dhèanamh leis na prìomhachasan anns a' Phlana seo agus bidh Fèisean nan Gàidheal gu math deònach a dhìcheall a dhèanamh cuideachadh ga chur an gnìomh.

Donnchadh MacGuaire MBE
Cathraiche Fèisean nan Gàidheal

Art MacCarraig
Ceannard Fèisean nan Gàidheal